



Advanced Higher
Course
Specification



Nuadh-eòlas An Àrd Ìre Adhartach Sònrachadh Cùrsa

An deasachadh seo: Giblean 2013, dreach 1.0

Faodar an sònrachadh ath-riochdachadh gu lèir no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach dèanar prothaid sam bith bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid ath-riochdachadh ann am pàirt, gun ainmichear an stòr. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA www.sqa.org.uk.

Feuch an toir thu sùil air nota de dh'atharrachaidhean aig deireadh an t-Sònrachadh Cùrsa seo airson mion-fhiosrachadh air atharrachaidhean bhon deasachadh roimhe seo (far a bheil sin iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Cnàmhan a' Chùrsa

Tìotal cùrsa: An Àrd Ìre Adhartach Nuadh-eòlas

SCQF: ìre 7 (32 puingeann creideis SCQF)

Còd Cùrsa: ri thighinn

Aonadan Riatanach

Nuadh-eòlas: Cùisean Co-aimsireil

(Àrd Ìre Adhartach)

16 puingeann creideis SCQF

Nuadh-eòlas: A' sgrùdadh Chùisean Co-aimsireil

(Àrd-ìre Adhartach)

8 puingeann creideis SCQF

Measadh cùrsa

8 puingeann creideis SCQF

Tha an Cùrsa seo a' toirt a-steach ochd puingeann creideis SCQF gus ùine a bharrachd a cheadachadh airson ullachadh airson measadh Cùrsa. Bidh measadh a' Chùrsa a' còmhach luach-leasaichte a' Chùrsa. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh a' Chùrsa anns an earrainn Measaidh.

Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ach san àbhaist bithear an dùil gum bi na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha riatanach bho na leanas no teisteanasan co-ionann agus/no eòlas aig an luchd-ionnsachaidh:

- ◆ Cùrsa Nuadh-eòlas Àrd Ìre
- ◆ Cùrsa Poilitigs Àrd Ìre
- ◆ Cùrsa Eòlas-comainn Àrd ìre

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ cùrsaichean ceum ann an cuspairean sòisealta agus saidheansan sòisealta no raointean co-cheangailte
- ◆ raon farsaing de dhreuchdan

Tha tuilleadh fiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Chaidh an Sònrachadh Cùrsa seo a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann a thaobh ionnsachadh no measadh. Bu chòir sùim a ghabhail do fheumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth nuair a bhithear a' dealbh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dhòighean measaidh no a' beachdachadh air fianais eile. Airson tuilleadh fiosrachaidh, thoir sùil air *Notaichean Taic Cùrsa agus Aonaid*.

Feallsanachd

Tha a h-uile Cùrsa Nàiseanta ùr agus ùraichte a' comharrachadh luachan, amasan agus prionnsapalan a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Bidh iad a' tairgsinn sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, barrachd fòcas air sgilean agus a' cur ionnsachadh an gnìomh, agus cothrom air ùidh phearsanta agus roghainn.

Anna a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan bhon chùrsa, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus cleachdadh nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach a rèir an amais agus a' brosnachadh deagh chleachdadh, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-ìrean as àirde as urrainn dhaibh a choileanadh.

Bheir an Cùrsa seo cothroman do luchd-ionnsachaidh leantainn orra le bhith a' faighinn agus a' leasachadh bhuadhan is chomasan nan ceithir comasachdan, a bharrachd air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlàn agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson a' chuspair.

An dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, amasan agus prionnsapalan a' Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Brosnaichidh an Cùrsa seo luchd-ionnsachaidh gus beachdan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn fhosgailte agus spèis do luachan, creideasan agus cultaran chàich; a bhith fosgailte do smaoineachadh agus do bheachdan ùra; mothachadh air dleastanas agus saoranachd chruinneil.

Bidh Nuadh-eòlas a' toirt piseach air tuigse neach-ionnsachaidh air an t-saoghal cho-aimsireil agus an àite fhèin ann. Tro bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh na ceithir comasachdan ann an iomadh dòigh. Thèid sealladh an luchd-ionnsachaidh a leudachadh agus thèid iarraidh orra coimhead air an t-saoghal ann an dòighean ùra. Fàsaidh a' mhisneachd aca nuair a thòisicheas iad a' tuigsinn barrachd mun dearbh-aithne fhèin agus an àite san t-saoghal cho-aimsireil. Togaidh luchd-ionnsachaidh frèam de eòlas sòisealta, poilitigeach agus eaconamach agus tuigse a chuidicheas iad gus a bhith mothachail air saoranachd earbsach.

Bheir an Cùrsa seo cuid mhath de chead do luchd-ionnsachaidh an roghainnean fhèin a dhèanamh nan ionnsachadh. Bheir an obair rannsachaidh agus breithneachaidh sa Chùrsa seo eòlas cudromach do luchd-ionnsachaidh a thaobh a bhith a' cur ri obair-buidhne agus cuideachd a bhith ag obair air an ceann fhèin. Gheibh luchd-ionnsachaidh buadhan a bhios cudromach airson am beatha agus an obair leithid togradh agus comas a bhith ag obair air an ceann fhèin le glè bheag de stiùireadh bho neach eile. Is e taobh cudromach den Chùrsa gum bi luchd-ionnsachaidh a' dèanamh rannsachadh leotha fhèin air cùis phoilitigeach cho-aimsireil no air cùis shòisealta.

Bheir an Cùrsa seo cuideachd cothroman do luchd-ionnsachaidh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair a leasachadh. Tro sgilean agus tro shusbaint a' Chùrsa seo, gheibh luchd-ionnsachaidh barrachd mothachaidh air saoranachd earbsach — gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta. Cuidichidh an cuideam a tha air measadh breithneachail agus cleachdadh raon farsaing de dh'fhiosrachadh, beachdan, bun-bheachdan agus cùisean a tha gu tric iom-fhillte, le bhith ag adhartachadh sgilean smaoineachaidh àrd-ìre. Bidh adhartas

an luchd-ionnsachaidh a' leantainn ann an sgilean litearrachd tro bhith a' cleachdadh agus

a' taisbeanadh fiosrachadh ann an caochladh dhòighean; agus sgilean ann an àireamhachd tro luachadh fiosrachadh àireamhachd, staitistigs agus grafaigeach.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

Is e amas Nuadh-eòlais a bhith a' leasachadh eòlas is tuigse luchd-ionnsachaidh air cùisean poilitigeach co-aimsireil agus air cùisean sòisealta ann an co-theacsa na sgìre ionadail, Alba, agus na Rìoghachd Aonaichte agus gu h-eadar-nàiseanta. Anns na co-theacsaichean sin, bidh luchd-ionnsachaidh a' faighinn mothachadh air cùisean poilitigeach, sòisealta agus eaconamach ris an coinnich iad nam beatha. Bithear

a' coileanadh an amais seo tro sgrùdadh soirbheachail air na h-Aonadan Cùrsa le fòcas air sgrùdadh domhainn an dara cuid air cùisean poilitigeach no sòisealta le modh-obrach coimeasach eadar-nàiseanta a leasaicheas raon farsaing de sgilean.

Bidh an Cùrsa seo a' cur ri foghlam coitcheann agus ris a' churraicealam fharsaing. Cuidichidh e le bhith a' cruthachadh shaoranach fiosraichte is gnìomhach le bhith

a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gu tuigse nas motha a bhith aca air ionadan is pròiseasan poilitigeach is sòisealta ann an co-theacsan na RA is gu h-eadar-nàiseanta. Togaidh luchd-ionnsachaidh sgilean as urrainn dhaibh a chleachdadh ann an raointean sgrùdaidh eile agus nam beatha làitheil.

Aig an Àrd Ìre Adhartach, gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas air doimhneachd is dùbhlann anns an ìre sgilean, eòlais agus tuigse a tha riatanach. Le bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo leasaichidh e sgilean inntinn dùbhlannach mar anailis, cleachdadh is luachadh. Bidh e comasach cuideachd do luchd-ionnsachaidh eòlas mionaideach is amalaichte a thaisbeanadh air meud is phrìomh raointean a' cho-theacsa shònraichte a chaidh a sgrùdadh. Aig an ìre seo thathas a' leasachadh sgilean rannsachaidh is sgrùdaidh, còmhla ri comas cleachdaidh raon de stòran gus a bhith a' toirt breith no

a' dèanamh cho-dhùnadh. Tha h-uile sion dhen seo ag amas air taic a thoirt do neo-eisimeileachd ionnsachaidh nan oileanach agus an comas a bhith ag obair air an ceann fhèin le stiùireadh ga fhaighinn mar a bhios iomchaidh.

Leasaichidh an Cùrsa seo eòlas ionnsachaidh is tuigse nas doimhne an neach-ionnsachaidh le bhith a' toirt chothroman a bhith a' toirt sùil shònraichte agus fòcas air seallaidhean sònraichte de chuspairean is chùisean iom-fhillte. Tha e cuideachd

a' leasachadh raon de sgilean inntinn àrd-ìre co-cheangailte ris na cuspairean a chaidh a chòmhdach aig an ìre seo. Thèid sgilean anailis, breithneachaidh is cleachdaidh a leasachadh tron Chùrsa seo.

Leasaichidh luchd-ionnsachaidh tuigse air na h-eadar-dhealachaidhean eadar mìneachaidhean stèidhte air fianais agus/no rannsachadh agus cruthan eile de mhìneachadh agus cho cudromach 's a tha an t-eadar-dhealachadh seo. Nì iad rannsachadh neo-eisimeileach gus tuilleadh piseach a thoirt air na sgilean rannsachaidh aca agus bidh pròiseact rannsachaidh mar thoradh air an seo. Mar sin feumaidh luchd-ionnsachaidh uallach mor a ghabhail airson an ionnsachaidh aca fhèin, ach le taic mar a bhios iomchaidh bhon neach-teagaisg/òraidiche/oide agus an co-aisean. Tha nàdar an ionnsachaidh agus a' mheasaidh a' toirt taic don neo-eisimeileachd agus don uallach seo.

Thig piseach is leasachadh air sgilean sgrìobhaidh tro bhith a' sgrìobhadh aistean leudaichte agus a' dèanamh pròiseact. Bidh am pròiseact a' leasachadh sgilean sgrìobhaidh cudromach a' gabhail a-steach cleachdadh raon farsaing de

dh'fhiosrachadh, a' taisbeanadh fiosrachadh agus bheachdan iom-fhillte ann an dòigh èifeachdach, agus a' cleachdadh clàradh, leabhar-chlàran, notaichean-buinn agus sgilean IT co-cheangailte ris.

Tha an Cùrsa seo a' cur gu sònraichte ris a' churraicealam le bhith a' cleachdadh nan saidheansan sòisealta leithid poilitigs, eòlas-comainn agus eaconamas agus far a bheil sin iomchaidh, beachdan co-cheangailte ris bho chuspairean sòisealta eile. Mar sin tha e a' cleachdadh modh-obrach ioma-chuspaireil.

"S iad prìomh amasan a' Chùrsa seo a bhith a' dèanamh luchd-ionnsachaidh comasach air:

- ◆ anailis a dhèanamh air na pròiseasan iom-fhillte poilitigeach agus sòisealta gus tuigse air comann-sòisealta co-aimsireil a leasachadh
- ◆ tuigse agus anailis a dhèanamh air cuspairean iom-fhillte poilitigeach agus sòisealta san Rìoghachd Aonaichte agus modh-obrach coimeasach eadar-nàiseanta a chleachdadh
- ◆ raon de sgilean rannsachaidh practaigeach neo-eisimeileach a leasachadh le bhith a' dèanamh rannsachadh air cuspair co-aimsireil
- ◆ beachdan iom-fhillte a thaisbeanadh ann an diofar dhòighean
- ◆ a' luachadh, a' mion-sgrùdadh agus a' cleachdadh raon de dh'fhianais a tha
- ◆ a' buntainn ri cùisean iom-fhillte
- ◆ a' leasachadh eòlas agus tuigse air dòighean rannsachaidh saidheans sòisealta
- ◆ a' cleachdadh modh-obrach ioma-chuspaireil le anailis bho raon de shaidheansan sòisealta

Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh a bhiodh an dùil an Cùrsa a dhèanamh

Tha an Cùrsa seo iomchaidh airson mòran luchd-ionnsachaidh, eadar an fheadhainn a tha airson barrachd tuigse fhaighinn air comann-sòisealta co-aimsireil agus an àite fhèin ann, agus luchd-ionnsachaidh a tha airson a dhol air adhart gu barrachd trèanaidh spèisealta no foghlam adhartach no cosnadh.

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ach, bhiodh e feumail do luchd-ionnsachaidh na sgilean is an t-eòlas a bhith aca a tha riatanach airson Cùrsa Nuadh-eòlais aig an Àrd Ìre no teisteanasan co-ionann. Tha an Cùrsa seo gu sònraichte freagarrach do luchd-ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith airson a dhol air adhart gu cùrsaichean ceum ann am poilitigs, eòlas-comainn, dàimhean eadar-nàiseanta, lagh is òrdugh agus/no cùrsaichean saidheans sòisealta eile agus gu dreuchdan ann an lagh, naidheachdan agus na meadhanan, an t-seirbheis chatharra is phoblach, obair shòisealta, dàimhean daonna agus san treas roinn.

Bidh na sgilean rannsachaidh is taisbeanaidh sònraichte a chaidh a leasachadh tron Chùrsa seo, agus am modh-obrach coitcheann airson obair neo-eisimeileach, fèin-thogradh agus obair air an ceann fhèin feumail do luchd-ionnsachaidh nuair a thèid iad gu foghlam adhartach agus saoghal obrach.

Le bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' togail raon farsaing de sgilean cudromach a ghabhas cleachdadh ann an suidheachaidhean eile, mar: comas rannsachadh neo-eisimeileach a dhèanamh; tuigse agus cleachdadh raon farsaing de dh'fhianais mu chùisean co-aimsireil; a' luachadh, a' mion-sgrùdadh agus a'

cleachdadh fianais; a' cruthachadh argamaidean ann an dòigh chothromach agus structarail; a' conaltradh ann an diofar dhòighean le beachdan, barailean agus co-dhùnaidhean stèidhte air fianais; agus a' cur an gnìomh eòlas is tuigse mu raon de chùisean poilitigeach no sòisealta co-aimsireil agus a bhith comasach air gabhail ri modh-obrach coimeasach.

Thathas a' tairgsinn Aonadan is Cùrsaichean Nuadh-eòlais bho ìre SCQF 3 gu SCQF 7. Tha adhartas dìreach comasach tro ìrean theisteanasan Nuadh-eòlais agus tha adhartas taobhach comasach gu teisteanasan eile ann an Cùrsaichean nan cuspairean sòisealta.

Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Structar a' Chùrsa

Bidh an Cùrsa seo a' toirt piseach air raon de sgilean inntinn agus a' leasachadh tuigse air a' chomann-shòisealta cho-aimsireil. Feumaidh luchd-ionnsachaidh eòlas fhaighinn agus a chur an gnìomh agus an tuigse a leasachadh air bun-bheachdan, teòiridhean, prionnsapalan agus briathrachas buntainneach. Le bhith a' cleachdadh caochladh stòran fiosrachaidh, bidh iad a' leasachadh sgilean luachaidh, mion-sgrùdaidh, cleachdaidh agus rannsachaidh gus a bhith a' tuigsinn agus a' mìneachadh chùisean co-aimsireil.

Tha dà Aonad riatanach sa Chùrsa seo. Tha tòrr sùbailteachd anns na teamaichean/cuspairean as urrainnear a rannsachadh gus ùidh phearsanta agus roghainn a cheadachadh.

Le bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' togail raon farsaing de sgilean cudromach a ghabhas cleachdadh ann an suidheachaidhean eile, mar: comas rannsachadh neo-eisimeileach a dhèanamh; tuigse agus cleachdadh raon farsaing de dh'fhianais mu chùisean co-aimsireil; a' luachadh, a' mion-sgrùdadh agus a' cleachdadh fianais; a' cruthachadh argamaidean ann an dòigh chothromach agus structarail; a' conaltradh ann an diofar dhòighean le beachdan, barailean agus co-dhùnaidhean stèidhte air fianais; agus a' cur an gnìomh eòlas is tuigse mu raon de chùisean poilitigeach no sòisealta co-aimsireil agus a bhith comasach air gabhail ri modh-obrach coimeasach.

Thèid na sgilean gu h-àrd a leasachadh agus an cur an gnìomh thairis air raon de cho-theacsan poilitigeach no sòisealta anns na h-Aonadan a leanas. Tha gach Aonad cuideachd a' tairgsinn chothroman airson luchd-ionnsachaidh fòcas a chur air sgilean sònraichte.

Tha Aonadan mar chunntasan air slatan-tomhais airson measadh agus chan ann mar phrògraman ionnsachaidh is teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

Nuadh-eòlas: Cùisean Co-aimsireil (Àrd Ìre Adhartach)

San Aonad seo, nì luchd-ionnsachaidh sgrùdadh air aon de dhà cho-theacsa: Cùisean Poilitigeach agus Dòighean Rannsachaidh **no** Cùisean Sòisealta agus Dòighean Rannsachaidh. Co-dhiù thèid co-theacsa Chùisean Poilitigeach no Chùisean Sòisealta a thaghadh airson sgrùdadh, bu chòir luchd-ionnsachaidh eòlas is tuigse dhomhainn a leasachadh air cùisean san Rìoghachd Aonaichte agus gabhail ri modh-obrach coimeasach eadar-nàiseanta air an sgrùdadh aca. Bu chòir luchd-ionnsachaidh sùil a thoirt air sgrùdaidhean cùise co-cheangailte ri co-theacsa an rannsachaidh gus luachadh breithneachail a dhèanamh air raon de dhòighean rannsachaidh saidheans sòisealta.

Nuadh-eòlas: A' sgrùdadh Chùisean Co-aimsireil (Àrd Ìre Adhartach)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh raon de sgilean buntainneach le bhith a' dèanamh rannsachadh neo-eisimeileach a' gabhail a-steach mar a thaghas iad cùisean rannsachaidh iomchaidh; a' dealbhadh is a' manaidseadh prògram rannsachaidh iom-fhillte; a' lorg, a' cruinneachadh is a' clàradh fiosrachadh iomchaidh is earbsach; a' luachadh, a' dèanamh anailis is a' co-chur fianais; ag eagrachadh,

a' taisbeanadh is a' clàradh thoraidhean a' cleachdadh dhòighean iomchaidh; agus a' luachadh dhòighean-obrach rannsachaidh.

Cumhachan coileanaidh

Gus crìoch a chur air a' Chùrsa, feumaidh an neach-ionnsachaidh soirbheachadh anns na h-Aonadan air fad, a bharrachd air measadh a' Chùrsa. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an Cnàmhan a' Chùrsa. Bidh measadh a' Chùrsa na bhunait airson ìre coileanaidh deireannach a' Chùrsa.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh sgilean, eòlas agus tuigse a' Chùrsa ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Gheibhear tar-shealladh farsaing de sgilean, eòlas is tuigse riatanach a' chuspair a thèid a mheasadh sa Chùrsa anns an earrainn seo.

Tha seo a' còmhach:

- ◆ a bhith a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean, eòlas agus tuigse ann an co-theacsaichean poilitigeach no sòisealta iom-fhillte bhon Rìoghachd Aonaichte agus a' dèanamh coimeas eadar-nàiseanta.
- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh eòlas is tuigse fìorasach agus teòiridheach, a' toirt mhìneachaidhean agus anailis mionaideach air cùisean poilitigeach no sòisealta iom-fhillte.
- ◆ a' measadh, a' mion-sgrùdadh agus a' cleachdadh raon de dh' fhianais
- ◆ a' measadh gu breithneachail raon de dhòighean rannsachaidh poilitigeach agus/no saidheans sòisealta.
- ◆ a' dèanamh rannsachadh neo-eisimeileach air cùis phoilitigeach no shòisealta iom-fhillte.
- ◆ a' taisbeanadh bheachdan iom-fhillte ann an diofar dhòighean
- ◆ a' gabhail a-steach modh-obrach coimeasach eadar-nàiseanta

Bidh sgilean, eòlas agus tuigse sa Chùrsa iomchaidh airson ìre SCQF a' Chùrsa. Bidh sònrachaidhean ìre SCQF a' toirt tuilleadh fiosrachaidh air na feartan agus an coileanadh ris am bi dùil aig gach ìre SCQF (www.sqa.org.uk/scqf).

Measadh

Tha fiosrachadh mu mheasadh a' Chùrsa ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*, anns a bheil mion-fhiosrachadh a tha a' gabhail a-steach comhairle air mar a thèid coileanadh iomlan neach-ionnsachaidh sa Chùrsa a cho-dhùnadh.

Measadh aonaid

Tha na h-Aonadan uile air am measadh san ionad mu choinneamh na tha air iarraidh anns an t-*Sònrachadh Aonaid*.

Thèid am measadh air bunait shoirbheachail/neo-shoirbheachail taobh a-staigh ionadan. Nì SQA dearbhadh càileachd cruaidh air stuthan, a' gabhail a-steach dearbhadh bhon taobh a-muigh, gus a bhith cinnteach gu bheil breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir shlatan-tomhais nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

Nuadh-eòlas: Cùisean Co-aimsireil (Àrd Ìre Adhartach)

San Aonad seo, bidh e riatanach don neach-ionnsachaidh fianais a thoirt air a bhith:

- ◆ a' toirt cunntas, a' mìneachadh agus a' mion-sgrùdadh gus nochdadh eòlas is tuigse fhìorasach agus theòiridheach air cùisean poilitigeach no sòisealta iom-fhillte san Rìoghachd Aonaichte agus comas air coimeas eadar-nàiseanta a dhèanamh
- ◆ a' measadh, a' mion-sgrùdadh agus a' cleachdadh raon farsaing de dh' fhianais gus sgilean iom-fhillte co-cheangailte ri cùisean poilitigeach no sòisealta a nochdadh
- ◆ a' measadh gu breithneachail raon de dhòighean rannsachaidh poilitigeach agus/no saidheans sòisealta.

Nuadh-eòlas: Cùisean Co-aimsireil (Àrd Ìre Adhartach)

San Aonad seo, bidh e riatanach don neach-ionnsachaidh fianais a thoirt air na leanas:

- ◆ comas rannsachadh neo-eisimeileach a dhèanamh air cùisean poilitigeach no sòisealta iom-fhillte

Measadh cùrsa

Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd Ìre Adhartach a' toirt a-steach measadh luach-leasaichte. Aig Nàiseanta 5, Àrd Ìre agus Àrd Ìre Adhartach, thèid measadh a dhèanamh air an luach-leasaichte anns a' mheasadh Cùrsa. Feumaidh an luach-leasaichte airson a' Chùrsa sùim a ghabhail de phrìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa, mar a chaidh a mhìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd a thaobh farsaingeachd, dùbhlàn no cleachdadh.

Anns a' Chùrsa Àrd Ìre Adhartach ann an Nuadh-eòlas, bidh fòcas luach-leasaichte air:

- ◆ dùbhlàn
- ◆ cleachdadh

Bidh an neach-ionnsachaidh a' cleachdadh, a' leudachadh agus a' coileanadh an eòlais agus na sgilean a fhuair iad bhon Chùrsa. Thèid seo a mheasadh tro mheasgachadh de phàipear-cheistean agus [pròiseact](#)¹. Feumaidh [am pàipear-cheistean](#)² eòlas, tuigse agus sgilean bho air feadh a' Chùrsa a nochdadh. Bidh am pròiseact ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh an t-eòlas is na sgilean aca a leudachadh agus a chleachdadh agus bidh e fosgailte is sùbailte gu leòr airson ùidh phearsanta agus roghainn a cheadachadh.

¹ Gheibhear mìneachadh an seo: <http://www.sqa.org.uk/sqa/58409.html>

² Airson mìneachadh faic an ceangal gu h-àrd.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean a thathas an dùil a bheir luchd-ionnsachaidh air adhart tron Chùrsa stèidhte air *Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair* agus air an cleachdadh bho na prìomh sgilean gu h-ìosal. Feumar iad sin a thoirt a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

2 Àireamhachd

- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 A' cleachdadh agus a' luachadh

Tha barrachd fiosrachaidh air na sgilean sin ann am *Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair*. Bidh ìre nan sgilean sin iomchaidh airson ìre a' Chùrsa. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' togail air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair airson a' Chùrsa anns na *Notaichean Taic Cùrsa*.

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: Giblean 2013 (dreach 1.0)

Eachdraidh atharrachaidhean air Sònrachadh Cùrsa Nàiseanta

Mion-fhiosrachadh	Deasachadh	Cunntas air atharrachadh	Ùghdarraichte le	Ceann-latha

Faodar an sònrachadh ath-riochdachadh gu lèir no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach dèanar prothaid sam bith bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid ath-riochdachadh ann am pàirt, gun ainmichear an stòr. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-sònrachadh seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig www.sqa.org.uk.

Nta: Thathas gad chomhairleachadh sùil a thoirt air làrach-lìn SQA(www.sqa.org.uk) gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den t-Sònrachadh Cùrsa.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013